

Cuspair Clàir-ghnothaich	6
Àir. Aithisge	G/6/26

Comhairle na Gàidhealtachd

Comataidh: Gàidhlig

Ceann-latha: 3 Ògmhios 2026

Tìotal Aithisge: Siuthad! – Tachartas Bliadhnail Dreuchdan Gàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg seo a' toirt cunntas às ùr do Bhuill mun tachartas bliadhnail, "Siuthad!" Tha an tachartas ag amas an dà chuid air sgoilearan a tha nan luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig ann an ÀS2 bho sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd.

Tha "Siuthad!" a' taisbeanadh raon de dh'obraichean is de dhreuchdan a tha a' buntainn ris a' Ghàidhlig agus a' brosnachadh dhaoine òga gus leantainn air adhart le sgoilearachd Ghàidhlig gu ruige teisteanasan san ìre as àirde dhen àrd-sgoil. Faodaidh seo sgilean is teisteanasan a bharrachd a thoirt do dhaoine òga a bheir deagh chothroman dreuchdail is trèanaidh dhaibh nuair a dh'fhàgas iad an sgoil.

1.2 Chaidh "Siuthad!" a stèidheachadh ann an 2013, agus 's e com-pàirteachas a th' ann eadar Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Leasachadh Sgilean na h-Alba (LSA), Bòrd na Gàidhlig (BnaG) agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (IGE). Tha e air a chur air dòigh le Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus LSA.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- Toirt fa-near do shusbaint na h-aithisge seo mu Shiuthad!;
- Aontachadh leantainn air adhart a' toirt taic do chom-pàirteachas sgoilearan àrd-sgoile ann an Siuthad!; agus
- Aontachadh leantainn air adhart ag obair còmhla ri Leasachadh Sgilean na h-Alba gus Siuthad! a chur air dòigh.

3. Builean

3.1 Goireas

Tha libhrigeadh Siuthad! air a mhaoineachadh le Comhairle na Gàidhealtachd, Leasachadh Sgilean na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus sruthan maoineachaidh Bhòrd na Gàidhlig.

- 3.2 **Laghail**
Tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Earrann 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar riatanas gu bheil dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd mar ùghdarras foghlaim brosnachadh is taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.
- 3.3 **Cunnart**
Chan eil cunnartan sònraichte sam bith a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.
- 3.4 **Slàinte is Sàbhailteachd** (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) –
Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd ann.
- 3.5 **Gàidhlig**
Tha buaidhean matha is leantainneach ann a thaobh a bhith a' gleidheadh, a' brosnachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig thar foghlam, coimhearsnachdan, cultar, an eaconamaidh agus seirbheisean corporra.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tir-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 'S e aithisg sgrùdaidh is ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Siuthad!

- 5.1 Bha 110 sgoilear bho shia sgoiltean – Àird nam Murchan, Loch Abar, Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, Ullapul, Baile Dhubhthaich agus Inbhir Pheofharain – an làthair aig an tachartas a chaidh a chumail air 29 Faoilleach 2026.

B' e Raibeart MacDhonnchaidh, prìomh sheinneadair leis a' chòmhlan Tide Lines, a dh'fhosgail an tachartas agus bhruidhinn e mu na cothroman lionmhor a bha a' Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig air a thabhann dha bho thòisich e air slighe a' chiùil anns an sgoil anns a' Ghearasdan.

Bha raon margaidh/luchd-taisbeanaidh ann le grunn bhuidhnean an làthair, a' gabhail a-steach Comhairle na Gàidhealtachd, NHS na Gàidhealtachd, Sabhal Mòr Ostaig, Oilthigh Dhùn Èideann, Alba FA, Cultarlann Inbhir Nis, Stòrlann, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha taic nam buidhnean seo riatanach ann a bhith a' toirt Siuthad! gu buil.

Ghabh sgoilearan pàirt ann am bùithtean-obrach eadar-obrachail agus choinnich iad ri riochdairean bho ghrunn roinnean a leithid nan gnìomhachasan cruthachail, foghlam, craoladh agus an roinn phoblach agus fiosrachadh ri fhaotainn mun obair a tha iad a' dèanamh agus na slighean a tha iad air a leantainn sna dreuchdan aca. Bha bùithtean-obrach ann bhon BhBC, Fèisean nan Gàidheal, Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus Astar Media. Bhruidhinn na h-oifigearan a bha a' stiùireadh nam bùithtean-obrach mun obair aca agus mar a bha an cuid sgilean Gàidhlig air na dreuchdan aca a neartachadh.

A bharrachd air a bhith fiosrachail agus an ìre mhath neo-fhoirmeil, bha an tachartas ag amas air a bhith spòrsail agus bha cothrom aig na sgoilearan pàirt a ghabhail ann an raon farsaing ghnìomhan eadar-obrachail eadar ceòl is dràma is eile.

- 5.2 Bheir Derek MacCoinnich, Leasachadh Sgilean na h-Alba (LSA), seachad taisbeanadh do bhuill thaghte aig Comataidh na Gàidhlig air 3 Ògmhios. Bidh foir-shealladh mionaideach agus fiosrachadh mu bhuilean co-cheangailte na bliadhna sa san taisbeanadh, agus bidh cothrom aig buill beachdachadh is ceistean fhaighneachd.

Bidh LSA ag obair gus slighean dreuchdail do luchd-labhairt òga na Gàidhlig a thoirt am follais do luchd-fastaidh. Tha an tachartas a' toirt cothrom do ghnìomhachasan a tha a' cur luach air dà-chànanas ceangal a thogail le sgoilearan gus aire a thogail mu na buannachdan a tha an cois na Gàidhlig san àite-obrach.

- 5.3 Thug Sgioba Conaltradh Corporra na Comhairle taic dhan tachartas air an latha fhèin. [Fios naidheachd](#)

Tha a bhith an làthair aig an tachartas, a' clàradh agallamhan goirid le sgoilearan is le Raibeart MacDhonnchaidh airson nam meadhanan sòisealta, a' neartachadh follaiseachd na Gàidhlig thar na Comhairle. Chaidh an cur a-mach gu luath mar ruidhleachan gus taic a chur ri amasan corporra le bhith a' brosnachadh na Gàidhlig ann an cruth a tha follaiseach, co-aimsireil is tarraingeach. Tha an t-susbaint bheò, aghaidh ri aghaidh a' riochdachadh dòigh-obrach ùr is làidir a thaobh a bhith a' togail follaiseachd na Gàidhlig, a' sealltainn dealas gnìomhach seach a bhith a' còmhach an tachartais às dèidh làimhe a-mhàin. Chòrd e ris na sgoilearan iad fhèin fhaicinn sa bhad air-loidhne. Bha seo a' daingneachadh moit, com-pàirteachas is buntanas na Gàidhlig ann an raointean didseatach an latha an-diugh.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 29.4.26

Ùghdar: Mairead Mulholland, Oifigear Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd Gàidhlig

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: